

Stiùiriche Susbaint Agus Luchd-Amais

MG



ALBA

PASGAN-FASTAIDH

Stiùiriche Susbaint Agus Luchd-Amais

CLÀR-INNSE

FACAL BHON ÀRDOIFIGEAR.....	3
SANAS	6
STIÙIRICHE SUSBAINT AGUS LUCHD-AMAS	7
PRÒISEAS TAGRAIDH AGUS TAGHAIDH	6



Facal bhon Àrd-Oifigear...

Stiùiriche Susbaint Agus Luchd-Amais

Cuidich le bhith a' cumadh àm ri teachd nam meadhanan Gàidhlig

Tha MG ALBA a' sireadh stiùiriche susbaint cruthachail is àrd-amasach gus cuideachadh le bhith a' stiùireadh aon de na h-atharrachaidhean as cudromaiche sna meadhanan Gàidhlig.

Chan e obair thàmhach a tha seo ann an craoladh traidiseanta. Is e cothrom ainneamh a tha seo gus cumadh a chur air susbaint teachdail nam meadhanan Gàidhlig AGUS gus stiùireadh a thoirt do chruth-atharrachadh MG ALBA gu bhith na bhuidheann meadhanan ùr-nodhach, in-ghabhalach, eadar-mheasgte, ioma-ùrlair — a' cruthachadh susbaint airson ge bith càite a bheil an luchd-amais - sruthadh, YouTube, ùrlaran sòisealta, claisneachd, toraidhean didseatach agus stuthan beò, a bharrachd air telebhisean.

Tha sinn ag iarraidh cuideigin a thuigeas mar a lorgas luchd-amais susbaint agus a cheanglas iad ri susbaint san là an-diugh, agus a tha air bhioran leis a' chothrom branndan susbaint meadhanan Gàidhlig sònraichte a thogail airson an ama ri teachd.

Bidh tu a' tighinn còmhla ri àrd-sgioba gnìomh MG ALBA agus, mar stiùiriche ann an sgioba BBC ALBA, bidh pàirt chudromach agad ann a bhith a' cruthachadh na bhios meadhanan na Gàidhlig a' ciallachadh thar an ath dheich bliadhna.

A' co-obrachadh gu dlùth le com-pàirtichean air feadh na roinne, bidh thu a' stiùireadh cruthachas agus cùisean deasachaidh susbaint thar gach ùrlar, a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi sgeulachdan, tàlant agus beachdan Gàidhlig a' ruighinn luchd-amais nas motha agus nas eadar-mheasgte ann an Alba, an RA agus gu h-eadar-nàiseanta.

An ann dhut-sa a tha an obair seo?

Bidh an obair seo ag iarraidh tòrr. Ach, na gabh dragh. Bidh thu ag obair le co-obraichean eòlach is taiceil agus bidh e comasach dhut lèirsinn, eòlas, agus brosnachadh fhaighinn bhuapa agus bho na com-pàirtichean againn, gu sònraichte am BBC.

Feumaidh tu a bhith comhfhurtail ag obair gu ro-innleachdail agus aig an aon àm a' tuigsinn gu practaigeach dè tha e a' ciallachadh a bhith a' cruthachadh agus a' foillseachadh susbaint ann an àrainneachdan didseatach a tha ag atharrachadh gu luath.

Bhiodh e na bhuannachd nam biodh eòlas àrd-ìre agad ann an coimiseanadh susbaint, riochdachadh agus/no ceannardas meadhanan didseatach, le eachdraidh soirbheachail ann a bhith a' stiùireadh sgiobaidhean cruthachail agus a' libhrigeadh obair shoibheachail a tha a' dèiligeadh ris an luchd-amais. Mura bheil eòlas dìreach agad anns a h-uile raon, cuir a-steach iarrtas ma tha e comasach dhut eòlas agus lèirsinn a chur còmhla ri comas a bhith nad stiùiriche atharrachaidh meadhanan.

Mu dheireadh, is i a' Ghàidhlig ar cànan obrach gràdhach, agus mar sin feumaidh tu a bhith fileanta gu ìre B2 co-dhiù – faic [FICE](#).

Gach soirbheas dhuibh!



Dòmhnall Caimbeul
18/05/2026



MG ✦
ALBA

GÀIDHLIG ANNS GACH ÀITE
AIRSON GACH NEACH

BBC ✦
ALBA

FILMG → [Learn Gaelic](#) [Speak Gaelic](#)



AR LUACHAN

CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig.

LUCHD-AMAS

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-Amas.

ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathas.

CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh.

SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach.

Sanas

Stiùiriche Susbaint Agus Luchd-Amais

Tha MG ALBA a' sireadh Stiùiriche Susbaint agus Luchd-Amais? cruthachail is àrd-amasach.

'S e cothrom ainneamh a tha seo dreuchd cheannardais àrd-ìomhaigh a ghabhail sna meadhanan Gàidhlig. Bidh thu a' cumadh àm ri teachd a bheir susbaint Ghàidhlig gu luchd-amais ge bith càite a bheil iad - sruthadh, YouTube, ùrlaran sòisealta, claisneachd, toraidhean didseatach agus stuthan beò, a bharrachd air telebhisean.

Ma tha thu nad phroifeasanta meadhanan le Gàidhlig a tha a' tuigsinn mar a lorgas agus a cheanglas luchd-amais ri susbaint an là an-diugh, agus ma tha thu air bhioran leis a' chothrom làthaireachd sònraichte sna meadhanan Gàidhlig a thogail a tha freagarrach airson an ama ri teachd, nach cuir thu a-steach airson na dreuchd seo. Bu toil leinn cluinntinn bhuat.

Tha MG ALBA dealasach a thaobh co-ionannachd chothroman agus a' cur fàilte air tagraidhean bho dhaoine bho gach cùl-raon agus coimhearsnachd. Tha sinn gu sònraichte a' cur fàilte air tagraidhean bho bhuidhnean nach eil air an riochdachadh gu leòr an-dràsta ann an roinn nam meadhanan, a' gabhail a-steach daoine le ciorraman, coimhearsnachdan mhion-chinnidh, daoine LGBTQ+ agus tagraichean nas òige. Thèid co-dhùnaidhean taghaidh a dhèanamh stèidhichte air airidheachd, sgilean agus eòlas.

Còmhla ri tuarastal farpaiseach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochoirean, nam measg:

- Sgeama peinnein tabhartach – 10% tabhartasan fastaiche, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh.
- 31 latha de shaor-làithean bliadhnaile + 6 saor-làithean poblach (*pro rata*)
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), Creideas ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-latha mu dheireadh airson tagraidhean – **Diciadain 10 Ògmhios 2026, 5f.**

[Cha ghabhar ri tagraichean fadalach.](#)

Stiùiridhean airson Tagradh:

Cuir do CV agus aithris phearsanta gu hr@mgalba.com

Dèan cinnteach gu bheil an aithris phearsanta agad co-dhiù a rèir nan Slatan-tomhais Riatanach a tha air an sònrachadh anns a' Phasgan Tagraidh Obrach fo Phròiseas Tagraidh is Taghaidh.

Ma tha thu airson còmhradh mun dreuchd seo ann an dìomhaireachd, cuir post-d gu hr@mgalba.com

Thathar a' comhairleachadh thagraichean sùil a thoirt air làraichean-lìn MG ALBA agus Ofcom airson fiosrachadh a tha ri fhaighinn gu poblach mu na meadhanan Gàidhlig agus mu ghluasadan luchd-amais ann an Alba agus san RA.

Gheibh tagraichean air a' gheàrr-liosta pasgan fiosrachaidh gus an cuideachadh le ullachadh airson agallaimh, taisbeanaidh agus deuchainn phractaigeach.

Ma tha feum agad air atharrachaidhean reusanta sam bith, aig ìre sam bith den phròiseas fastaidh, no cosnadh san àm ri teachd, feuch an cuir sibh fios thugainn air seo le bhith a' cur fios gu laura.rennie@mgalba.com

Stiùiriche Susbaint Agus Luchd-Amais

Fiosrachadh chudromach

Tìotal Obrach	Stiùiriche Susbaint Agus Luchd-Amais	Ìre	F	Uairean seachd ainneil	37
----------------------	---	------------	----------	-------------------------------	-----------

Àite Tha nàdar ceannardais na dreuchd seo ag iarraidh ort gealltainn gum bi làthaireachd phearsanta mhòr agad ann an Steòrnabhagh agus/no Glaschu. Dh'fhaodadh gum bi rèiteachadh obrach sùbailte comasach ma tha ìre as ìsle iomchaidh de làthaireachd oifis ann.

Raoin Tuarastail Is e dreuchd Bann F a tha seo leis na bannan tuarastail a leanas a rèir comais:
(Mar as trice, bidh tuarastal tòiseachaidh air a dhearbhadh a rèir sgilean buntainneach, eòlas agus comasan dearbhte).

Band F	F1	F2	F3	F4
£106,200				
£94,200				
£86,200				
£78,200				

Cunntachail airson

Bidh dreuchd stiùbhardachd agad airson:

- Còd agus pròiseas coimiseanaidh susbaint MG ALBA
- Inbhean deasachaidh agus gèilleadh a thaobh àite MG ALBA ann a bhith a' coimiseanadh agus a' foillseachadh susbaint air ùrlaran BBC ALBA, LearnGaelic agus SpeakGaelic
- Sgioba luchd-obrach de mu 25 (diofar àiteachan/pàtrain obrach)
- Buidseatan Susbaint is Foillseachaidh MG ALBA

Cunntachail don

Àrd-Oifigear

Bidh tu cuideachd cunntachail do Cheannard Seirbheisean Gàidhlig a' BhBC a thaobh phròiseasan deasachaidh, gèillidh is foillseachaidh a' BhBC a bhios air an lìbhrigeadh tro luchd-obrach MG ALBA tro chom-pàirteachas BBC ALBA.

Dàimhean Obrach

Bidh thu ag obair gu dlùth leis an Stiùiriche Dhaoine, Com-pàirteachasan & Leasachadh gus comasan roinn nam meadhanan Gàidhlig a leasachadh agus a leudachadh.

Bidh dàimhean air leth agad leis a' Chathraiche agus Buill a' Bhùird, agus le Àrd-sgioba Gnìomh MG ALBA.

Feumaidh tu eòlas fhaighinn air, agus buaidh a thoirt air do cho-obraichean aig a' BhBC, S4C agus TG4, le riochdairean agus

riochdairean bho bhuidhnean sgrion ann an Alba, agus le luchd-sgaoilidh agus riochdairean buntainneach san raon eadar-nàiseanta.

Agus, feumaidh tu a bhith ceangailte ri riochdairean bho ùrlaran bhidio air iarrtas agus sòisealta buntainneach agus buidhnean sgrion buntainneach leithid BAFTA, RTS, PACT, EBU, Circom msaa.

Chan eil sinn an dùil gum bi dàimhean deiseil agad anns na raointean sin uile – ach tha do chomas dàimhean a thogail na phàirt chudromach de na tha sinn a’ sireadh.

Na nì thu

Bidh tu a’ stiùireadh ro-innleachd, coimiseanadh agus foillseachadh susbaint Ghàidhlig thar ùrlaran didseatach agus craolaidh, a’ gabhail a-steach seirbheisean sruthaidh, YouTube, meadhanan sòisealta agus telebhisean.

Cuidichidh tu sinn:

- susbaint a chruthachadh a tha luchd-amais dha-rìribh airson fhaicinn, a roinn agus bruidhinn mu dheidhinn
- ruigsinneachd agus conaltradh a mheudachadh thar ùrlaran didseatach, a’ gabhail a-steach eag-shiostam ionnsachaidh na Gàidhlig
- ceanglaichean nas làidire a thogail le luchd-amais nas òige agus fo-sheirbheisichte
- tàlant cruthachail a thaiceachadh agus a leasachadh
- dàimhean a neartachadh le riochdairean neo-eisimeileach agus com-pàirtichean cruthachail
- ìomhaigh agus follaiseachd na Gàidhlig a thogail tro sgeulachdas dàna, àrd-inbhe

Tha an dreuchd seo a’ toirt còmhla lèirsinn chruthachail le ceannardas practaigeach. Bidh tu a’ stiùireadh ro-innleachd coimiseanaidh, a’ cumail sùil air buidseatan, a’ stiùireadh sgiobaidhean, a’ cumadh chom-pàirteachasan agus a’ dèanamh cinnteach gu bheil ar seilbheach ann an susbaint a’ lìbhrigeadh buannachdan cànan is buaidh chultarail na Gàidhlig a bharrachd air fàs luchd-amais.

Na tha sinn a’ sireadh

Bhiodh na leanas aig sàr-thagraiche:

- nàdar cruthachail làidir agus sàr-breithneachadh deasachaidh
- tuigse air mar a bhios susbaint ag obair thar ùrlaran didseatach agus craolaidh
- fios mar a bhios luchd-amais ag obair air-loidhne, mar a thèid conaltradh a leasachadh, agus mar a tha na meadhanan againn a’ toirt taic do ionnsachadh chànan
- air am brosnachadh le ùr-ghnàthachadh, deuchainneachd agus cruthan ùra

- comasach air cothromachadh a dhèanamh eadar cruthachalachd agus smaoinichadh malairteach agus ro-innleachdail
- a bhios na stiùiriche brosnachail a bhios a' toirt dhaoine còmhla timcheall air lèirsinn cho-roinnte
- a' creidsinn gum faod meadhanan phoblach a bhith fhathast àrd-amasach a thaobh cultar, buntainneach agus buadhach.

Dh'fhaodadh tu tighinn bho thelebhisian, sruthadh, foillseachadh didseatach, meadhanan sòisealta, podcastadh, riochdachadh, coimiseanadh no àrainneachd meadhanan cruthachail eile. Is e an rud as cudromaiche do chomas sgiobaidhean a stiùireadh, cothroman a chomharrachadh agus susbaint a chumadh a tha a' ceangal ri luchd-amais an-dràsta.

Na prìomh dhleastanasan agad

- Suidhich stiùireadh iomlan deasachaidh is susbaint thar gach ùrlar
- Stiùir coimiseanadh is leasachadh susbaint airson didseatach is craoladh
- Fàs luchd-amais tro fhoillseachadh, margaidheachd is ro-innleachd ann an dòigh nas innleachdail
- Tog gnìomhachd susbaint ùr-nodha, a tha ag amas air an luchd-amais
- Leasaich com-pàirteachasan le riochdairean is ùrlaran
- Cleachd lèirsinn luchd-amais is dàta dèanadais gus stiùireadh a thoirt do cho-dhùnaidhean
- Riochdaich MG ALBA gu poblach agus taobh a-staigh gnìomhachas nam meadhanan nas fharsainghe
- Taic is comhairleachadh sgiobaidhean, a' cuideachadh le bhith a' cruthachadh cultar adhartach, in-ghabhalach is àrd-amasach
- Dèan cinnteach gu bheil ar susbaint a' lìbhrigeadh buaidh chruthachail is làidir air an luchd-amais

Faid

Maireannach

Pròiseas Tagraidh agus Taghaidh

Pròiseas Tagraidh

Gus tagradh a dhèanamh: Cuir CV agus Aithris Phearsanta gu hr@mgalba.com

Feuch an toir thu sùil air na Slatan-tomhais Riatanach a tha air an sealltainn gu h-ìosal

Ceann-là: 5f Diciadain 10 Ògmhios 2026 (cha ghabhar ri tagraidhean fadalach)

Pròiseas Taghaidh

Tha co-dhiù ceithir ìrean sa phròiseas taghaidh a tha air an dealbhadh gus an cothrom as fheàrr a thoirt dhut fianais a nochdadh air eòlas agus sgilean.

1. Measadh freagarrachd air an aithris phearsanta agus an CV agad
2. Agallamh panail stèidhichte air comasan (an làthair ann an da-rìribh)
3. Eacarsaich phractaigeach
4. Taisbeanadh

Ma tha feum againn air barrachd lèirsinn air stoidhle ceannardais, roghainnean conaltraidh, dòighean-obrach co-dhùnaidh agus co-thaobhadh ri luachan na buidhne, is dòcha gun iarr sinn ort a bhith an sàs ann am measadh saidhgeòlach.

Tha sinn a' moladh gu làidir gun dèan thu an tagradh agad freagarrach don fhrèam a tha air a shuidheachadh gu h-ìosal:

Slatan-tomhais riatanach	Aithris Pearsanta	Agallamh	Eacarsaich practaigeach	Taisbeanadh
Lèirsinn Cruthachail & Deasachaidh (25%)		✓		✓
Fàs Luchd-Amais Didseatach & Ro-innleachd Ùrlair (25%)		✓	✓	✓
Ceannardas & Cruth-atharrachadh Buidhne (20%)	✓	✓		
Com-pàrteachasan Roinneil & Buaidh bhon taobh a-muigh (15%)	✓	✓		
Comas Obrachaidh is Gnìomhachais (10%)		✓	✓	
Mothachadh & Dealas (5%)	✓			
Gàidhlig ìre B1 FICE				✓

Sgèile Sgòraidh (1–5)

Sgòr	A' ciallachadh	Mìneachadh
1	Fianais cuibhrichte	Chan eil e a' coinneachadh ri riatanas
2	Fianais Pàirteach	Cuid de chomas air a nochdadh
3	Deagh fhianais	Inbhe làidir a ghabhas cur an dreuchd
4	Fianais làidir	Tagraiche àrd-choileanadh

		Beagan fianais buntainneach no gun fhianais idir. Freagairtean neo-shoilleir, seann-fhasanta no gun chreideas airson ìre na dreuchd.
		A' coinneachadh ri pàirtean den riatanas ach tha dith doimhneachd, sgèile, cunbhalachd no smaoineachadh ro-innleachdail.
		Eòlas soilleir agus buntainneach le eisimpleirean earbsach agus tuigse phractaigeach.
		Eisimpleirean làidir de smaoineachadh ro-innleachdail, ceannardas agus libhrigeadh le buaidh shoilleir agus ùr-ghnàthachadh.

5	Fianais air leth	Sònraichte / cruth-atharrachail	A' nochdadh smaoineachadh, tùsachd, buaidh agus comas air prìomh atharrachadh agus fàs luchd-amais a bhrosnachadh, a tha air thoiseach san roinn.
---	------------------	---------------------------------	---

Nota: feumaidh tagraichean soirbheachail co-dhiù 3 puingeann fhaighinn airson gach Slatan-tomhais Riatanach.

Slatan-tomhais Riatanach – Fianais a thathar a’ sireadh

Slatan-tomhais Riatanach	Priomh eileamaidean	Cò ris a tha math coltach
1. Sealladh Cruthachail is Deasachaidh - Cuideam: 25%	<ul style="list-style-type: none"> tùsachd bheachdan àrd-amas airson meadhanan Gàidhlig tuigse air eag-shiostaman susbaint an latha an-diugh comas sealladh tarraingeach san àm ri teachd a chur an cèill breithneachadh deasachaidh thar ùrlaran 	Sealladh soilleir, inntinneach agus so-ruigsinn airson meadhanan Gàidhlig atharrachadh airson an àm ri teachd didseatach, a’ sealltainn nàdar làidir airson sgeulachdan innse a tha ag amas air an luchd-amais, a’ cumhachdachadh luchd-cruthachaidh, a’ coimiseanadh susbaint dùthchasach don ùrlar agus leasachadh tàlant.
2. Fàs Luchd-Amais Didseatach & Tuigse air Ùrlaran - Cuideam: 25%	<ul style="list-style-type: none"> tuigse air YouTube, eag-shiostaman sòisealta agus sruthaidh ro-innleachd leasachaidh luchd-amais cleachdadh dàta agus lèirsinn pioseachadh ùrlair eòlas air a bhith a’ fàs ruigsinneachd agus conaltradh 	Sàr thuigse air giùlan luchd-amais agus ro-innleachd ùrlair, gu nàiseanta agus airson na Gàidhlig, le eisimpleirean tomhaiste de luchd-amais, com-pàirteachadh no branndan a tha a’ fàs thar ùrlaran didseatach.
3. Ceannardas & Cruth-atharrachadh Buidhne – Cuideam: 20%	<ul style="list-style-type: none"> co-dhùnaidhean ro-innleachdail stoidhle ceannardais comas stiùireadh tro atharrachadh leasachadh sgioba agus co-obrachadh seasmhachd 	Deagh eòlas air sgiobaidhean no buidhnean a stiùireadh tro atharrachadh brìgheil, earbsa agus misneachd a thogail le ro-innleachd shoilleir, co-dhùnaidhean math agus ìre àrd de thuigse fhaireachail.
4. Com-pàirteachasan Roinneil & Buaidh air an taobh a-muigh - Cuideam: 15%	<ul style="list-style-type: none"> togail dhàimhean eòlas co-riochdachaidh no com-pàirteachasan creideas le luchd-cruthachaidh agus ionadan riaghladh luchd-ùidh pròifil gnìomhachais 	Lìonraidhean is buaidh làidir sa ghniomhachas, le fianais air com-pàirteachasan a thogail a dh’fhosgail maoinneachadh, tàlant, sgaoileadh no fàs amais.
5. Comas Obrachaidh is Malairteach - Cuideam: 10%	<ul style="list-style-type: none"> riaghladh buidseit os-shealladh air coimiseanadh priomhachasadh co-rèiteachadh cothromachadh cruthachalachd le goireasan 	Measgachadh de dh’àrd-amas cruthachail le breithneachadh làidir obrachaidh is ionmhais.
6. Mothachadh & Dealas - Cuideam: 5%	<ul style="list-style-type: none"> tuigse air luchd-ùidh na Gàidhlig agus poileasaidh cànan mothachadh cultarail dealas don Gàidhlig agus do luachan nam meadhanan seirbheis phoblach 	Dealas fìrinneach do na meadhanan Gàidhlig agus do fhàs na Gàidhlig, còmhla ri thuigse mhath air poileasaidh, cultar agus cruth-tìre eaconamach na Gàidhlig.

7. Comas sa Ghàidhlig	<ul style="list-style-type: none">• comas labhairt Gàidhlig aig ìre B2 no nas àirde - faic FICE	Neach-conaltraidh misneachail
------------------------------	---	-------------------------------

Dh'fhaodadh am pannal taghaidh sgrùdadh a dhèanamh air raointean buntainneach eile gus na tagraichean aithneachadh a dh'fhaodas

- cuideachadh le bhith a' gluasad na buidhne gu cinnteach a dh'ionnsaigh àm ri teachd didseatach an-toiseach
- stiùireadh agus brosnachadh a thoirt do cho-obraichean agus don roinn chruthachail

MG



ALBA

MÒRAN TAING!

